

CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

An t-Alltan: Co-labhairt do thidsearan Gàidhlig

Duilleag 2



Nollaig Chridheil bho sgioba Stòrlann!



Ceum air Cheum Duilleag 9

Agus...

Stuthan ùra	4
Ceumannan	5
Smeòrach Mi	7
Gaelic4Parents	7
Luchd Obrach	8
Maoineachadh	8

CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

An t-Alltan: Co-labhairt do thidsearan Gàidhlig bho Stòrlann



Thàinig ceud tidsear bho àrd-sgoiltean agus bun-sgoiltean air feadh Alba ri chèile ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh ann an Inbhir Nis air 8 agus 9 Dàmhair airson sùil a thoirt air goireasan ùra agus air iomairtean agus leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg co-cheangailte riutha seo. Bha cothroman ann eòlas a chur air bathar-bog ùr, dòighean-teagaisg a dheasbad agus cur ri leasachadh stuthan ùra.



**8mh còmhhdail fòghlaim;
Druim Athaisidh**

*b' ann an seo a shaoilear
cailte an dream air raon
a' bhàis - ach cluinn gach
teanga beò cur cruth air
ceum an fhàis*

*Aonghas Dubh
MacNeacail*

**“Tha e air leth cudromach gum
faigh tidsearan cothroman
cruinneachadh ri cheile aig
tachartas mar seo.”**



An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

An t-Alltan: Co-labhairt do thidsearan Gàidhlig bho Stòrlann

Òraidean

- Foghlam Gàidhlig agus meadhan Gàidhlig: **Murchadh MacIomhair**, Comhairle Lannraig a-Tuath agus **Rosemary Ward**, Bòrd na Gàidhlig
- An Tidsèar mar Ghoireas: **Joan NicAoidh**, HMIe

Prìomh sheiseanan

- Litreachas, Bàrdachd agus an Leum gu Sgrìobhadh Cruthachail (bun-sgoil): **Anna Latharna NicIlllòsa**
- Fonaigs airson leughadh agus sgrìobhadh: **Dòmhnall Iain MacLeòid** agus **Johan Byrne**
- Structaran-cànain sa bhun-sgoil: **Màiri Kidd**, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
- Leughadh agus Sgrìobhadh com-pàirtichte: **Màiri NicIlleMhaoil**, Learning and Teaching Scotland
- Bogadh-cànain, le sùil air a' Chumrigh: **Cathie NicIain** agus **Morfudd Roberts**, Riaghaltas na Cuimrigh
- Litreachas, Bàrdachd agus an Leum gu Sgrìobhadh Cruthachail agus Folio (àrd-sgoil): **Raghnaid Sandilands**

agus **Aonghas 'Dubh' MacNeacail**

- Structaran-cànain san àrd-sgoil: **Catriona Mhoireach**, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus **Christina Walker**, Oilthigh Obar Dheathain
- A' Teagasg Saidheans agus Matamataig tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil: **Aonghas Iain MacDhòmhnaill**, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
- Ceumannan: stuthan ùra do luchd-ionnsachaidh: **Emma Christie**, **Shona NicCarraig** agus **Gillebrìde MacIlleMhaoil**, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Bùthan-obrach sgilean

- A' cleachdadh bathar-bog **Textease**: **Alan Stewart**, Comhairle na Gàidhealtachd
- A' cleachdadh bathar-bog **KarZouche**: **Ray Shaw**, Immersive Education
- A' cleachdadh deuchainnean-measaidh fheumalachdan sònraichte 'SNAP': **Eairdsidh MacLullaich**
- A' cleachdadh ghoireasan Gàidhlig air an eadar-lìon: **Mòrag NicDhòmhnaill**, Gàidhlig air-loidhne



Tha Stòrlann a' toirt taing chridheil do na leanas airson taic le maoinachadh, innealan is eile: Comhairle na Gàidhealtachd, Learning and Teaching Scotland, Fèisean nan Gàidheal, UHI Colaiste Inbhir Nis, Acadamaidh Charleston, Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig. Ar taing cuideachd do luchd-obrach Thaigh-òsta Dhruim Athaisidh.

“Tha sinn air a bhith feitheamh airson goireas mar seo.

Gu math brosnachail. Tòrr as urrainn dhomh a chleachdadh anns a' chlas.”

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com




Stuthan ùra anns na sgoiltean...

Ràinig na stuthan a leanas Rsgoiltean anns na grunn mhìosan a chaidh seachad:

- **KarZouche 'Daoine Ainmeil ann an Eachdraidh'**
Bathar-bog airson sgrìobhadh cruthachail agus eachdraidh
- **'Lorgan Litreachaidh: 'Leabhar an tìdeir', 'Faclair Pearsanta 1' agus comharra-duilleige**
A' chiad cheum ann an prògram airson teagasg litreachaidh
- **Matamataig Heinemann Alba: leabhraichean-obrach ann an sreath 4**
Ath chlà-bhualadh
- **Taigh Lachaidh**
Còig geamannan eadar-ghnìomhail don choimpiutair no clàr geal
- **Postairean Sgrìobhadh Com-pàirtichte**
Sia postairean a' taisbeanadh diofar stoidhlichean sgrìobhaidh, le notaichean-taice
- **Catrìona air Chuairt**
Leabhar mòr agus pocan stòiridh mu chat agus sràid làn

- dhaoine laghach
- **Litrichean Magnaiteach airson taic-ionnsachaidh**
Fuaimean fonaig Gàidhlig
- **Smeòrach Mi**
Cruinneachadh bàrdachd
- **A' Chaileag Starraig': nobhail**
Chan eil beatha Lilidh uabhasach furasta ach tha a caraidean annasach ùr ga cuideachadh ann an iomadach dòigh
- **Teagsaichean air Textease**
Diosg le 'Bunaitean Cruinne-eòlais' agus tè eile le 'Cùisean', air an simpleachadh mar thaic-ionnsachaidh
- **Beatha le Buaidh**
Sreath ùr a' dèanamh coimeas eadar chàraidean a tha co-cheangailte ann an diofar dhòighean, nam measg Ant 'n Dec agus Laurel 'n Hardy agus Ronaldo agus Maradona



Stuthan ùra anns a' bheairt...

... agus bidh na stuthan gu h-ìosal agaibh ann an ùine gun a bhith fada:

- **Uamh nan Cnàmhan**
Nobhail mu fhear-sreap air chall sna beanntan
- **Map-balla na Roinn-Eòrpa**
- **Droch Ràith Mairead', 'Droch Shaoghal BJ' agus 'Shenanigans Shen'**
Trì nobhailean goirid le CDan nan cois
- **Linn nan Caochlaidhean Mòra**
Teasca eachdraidh on chompanaidh Imprint
- **KarZouche 'Sgrìobhadh Cruthachail'**
- **Fuasgail is Freagair 1, 2 agus 3**
Leabhraichean Mòra Matamataig
- **Dòigh Eile air a Ràdh**
Ath chlà-bhualadh
- **An Gille a Dh'èigh Madadh-allaidh**
Leabhar Mòr airson sgrìobhadh com-pàirtichte
- **Mus Tuit an Oidhche**
Nobhail car goirseachail do dheugairean
- **Sàr Obair Ìre C**
- **Mo Chreideamh**
Sùil air diofar chreideamhan an t-saoghail, airson clàr geal
- **Cùrsa airson saidheans D agus E**
- **Geama-bùird GLPS**
- **Aonadan Eachdraidh airson S1, 2 agus 3**
- **Dealbhan-cluiche**
Stèidhichte air sgeulachdan goirid ainmeil



An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com



Tha sinn air Ceumannan mòra a ghabhail leis a' phròiseact seo o chionn ghoirid agus tha an sgioba garbh trang an-dràsta. Tha pannal de dh'èolaichean air tighinn gu aonta mu chruth agus susbaint a' chùrsa. Seo criomag de na cuspairean a bhios a' nochdadh ann an Ceumannan 1 is 2:

Ceumannan 1

1. Dè an t-ainm a th'ort?
2. Ciamar a tha thu?
3. Cànan a' chlas
4. Dè an aois a tha thu?
5. Càit a bheil thu a' fuireach?
6. Dè an dath a th' air?
7. Dè tha nad bhaga?
8. Dè latha a th' ann an-diugh?
9. Dè as toigh leat anns an sgoil?
10. Dè an uair a tha e?
11. Seo mo theaghlach
12. A bheil peata agad?
13. Dè tha thu ag iarraidh?

Ceumannan 2

1. A' bhodhaig
2. Cò ris a tha thu coltach?
3. Dè 'n obair a th' agad?
4. Dè na cur-seachadan a th' agad?
5. An do chluich thu ball-coise Diluain?
6. An cuala tu an t-òran ùr?
7. An cluich thu ball-coise?
8. An tèid thu dhan sgoil?
9. Am faigh mi cofaidh?
10. Cò às a tha thu?
11. Cò ris a tha an t-side coltach?
12. An taigh agam
13. Am baile



Tha **Emma Christie**, Sgrìobhaiche a' chùrsa air a glasadh ann am preasa gus an cuir i crìoch air a' chiad leabhar an ceann seachdain no dhà! Tha ceò a' tighinn à coimpiutair Emma agus tha an stuth a' coimhead inntinneach is tarraingeach. Bidh obair ann dhan a h-uile sgoilear – an fheadhainn adhartach agus an fheadhainn nach eil buileach cho comasach. Tha Emma air earrannan sònraichte a chruthachadh taobh a-staigh gach modail. A bharrachd air an obair fhèin bidh:

- **Faclair** aig ceann gach aonaid agus faclair mòr aig cùl an leabhair
- **Sùil air ais** – eacarsaichean a bharrachd dhan a h-uile duine
- **Cultar** – cuspair eadar-dhealaichte aig deireadh gach aonaid – eachdraidh, sgeulachdan, ainmean-àite is eile
- **Taic** – comhairle ionnsachaidh
- **Ceum air cheum** – liosta de na dh'ionnsaich iad anns a' mhodal le eisimpleirean – feumail nuair a bhios ath-sgrùdadh aca ri dhèanamh
- **Ceum a bharrachd** – eacarsaichean eile le beagan a bharrachd susbaint annta dhan fheadhainn as adhartache

CE
MANNAN

An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

Ceumannan – cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil

Bidh an stuth freagarrach airson Curraicealam airson Sàr-mhathais agus tha sinn an dòchas gum faigh tidsearan beagan fois bho bhith a' cruthachadh stuth do luchd-ionnsachaidh fad an t-siubhail.

Tha **Gillebrìde Mac'ille Mhaoil** a' deasachadh stuth taic air-loidhne dhan chùrsa agus tha a h-uile coltas ann gun còrd an stuth a cheart cho mòr ris na sgoilearan 's a chòrd e ris na tidsearan aig an Alltan anns an Dàmhair. Thug Gillebrìde seachad taisbeanadh beag de na làraich-lìn a tha e a' cleachdadh airson goireasan a chur ri chèile. Eadar dealbhan-èibhinn is fuaim is guthan, bidh spòrs aig na sgoilearan a' cruthachadh rudan dhaibh fhèin is cha bhi iad fiù 's a' toirt an aire na tha iad ag ionnsachadh de Ghàidhlig aig an aon àm!



An do dh'fheuch sibh 'rap' riamh? Seo ur cothrom matha. **Sgrìobh Shona NicCarraig rap beag stèidhichte air na stiùiridhean a tha anns an aonad, Cànan a' Chlas. Seo agaibh na faclan – chan eil agaibh ach beagan rùm fhaighinn, hoodie a chur oirbh agus cha tig stad oirbh:**

*Thuirt an tidsear ris a' chlas:
Madainn mhath dhuibh, thigibh a-steach
Dùinibh an doras, suidhibh sìos
Bithibh sàmhach 's èistibh!*

*Cuir dhìot do sheacaid, leugh an leabhar
Bi modhail, Uilleim, sin gu leòr!
Seadh ,a Chaluim, dè tha ceàrr?
Am faod mi peansail fhaighinn?*

*Sgrìobh is èist is bruidhinn is leugh
Tapadh leat is tapadh leibh
Cuir dhìot do sheacaid, sin thu fhèin!
Glè mhath, 's math a rinn thu!*



Tha maoineachadh ann a-nise airson Ceumannan 1 gu 3 a thoirt a-mach agus tha sinn an dòchas gum bi a' chiad leabhar anns na sgoiltean air an treas tearm an ath bhliadhna. Bheir sin cothrom do thidsearan sùil a thoirt air mus tig a' chiad bhliadhna a-steach san Lùnastal. Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh mun phròiseact bho Shona NicCarraig air shonacormack@storlann.co.uk

CE
MANNAN

An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com



Smeòrach Mi

Smeòrach Mi: leabhar bàrdachd ùr le 'cas an doras an 21mh linn'

Thàinig BBC Craoladh nan Gàidheal agus Stòrlann còmhla ann an togalach ùr a' BhBC an Glaschu air 17 Giblean, cuide ri iomadh bàrd cliùiteach, gus dà ghoireas ùr a chur air bhog.

Tha 'Làrach nam Bàrd' bho BBC Alba a' toirt dlùth-shealladh air bàrdachd aona bhàrd deug, Somhairle MacGilleEain, Ruaraidh MacThòmais, Anna Frater, Meg Bateman agus Dòmhnall Ruadh Chorùna nam measg. Air an latha fhèin, chualas bho iomadh bàrd tron làrach agus bho aona bhàrd 'beò', Aonghas Dubh MacNeacail.

Tha Aonghas Dubh a' nochdadh cuideachd ann an 'Smeòrach Mi', an cruinneachadh ùr aig Stòrlann. Chuir Aonghas an cuimhne an luchd-èisteachd nach robh ach 'Bàrdachd Ghàidhlig' MhicBhàtair ri fhaotainn nuair a bha e fhèin anns an sgoil agus chuir e fàilte dhà-rìribh air an làrach agus an leabhar, agus gu sònraichte air na bàird ùra òga a tha a' nochdadh ann an 'Smeòrach Mi', leithid Iain S. Mac a' Phearsain à Canada agus Ceabhan MacNèill à Leòdhas. Chuir Ragnall MacIleDhuibh fàilte shònraichte orra seo cuideachd san lèirmheas aige san Albannach air 12 Iuchar, san tuirt e gun robh an leabhar 'tarraingeach dhà-rìribh.'

Mhìnich Ragnaid Sandilands, neach-deasachaidh 'Smeòrach Mi' gun robh Stòrlann ag amas air beairteas ghuthan a thaisbeanadh do leughadairean òga agus gun robh i an dòchas gum faigheadh òigrìdh tlachd às an leabhar; dh'inns i don luchd-èisteachd gun robh na sgoilearan aice air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' beachdachadh air na roghainnean aice, ged nach do ghabh i ris a' mholadh aca a thaobh an tiotail: 'Mo Chreach 's mo Bhàrdachd'!



“
**Seo a' chiad duanaire
Gàidhlig a chuir cas an
doras an 21mh linn, 's tha
e tarraingeach dha-rìribh.**”

**Ragnall Mac'illeDhuibh
The Scotsman**



Tha goireasan ùra a-nis rim faotainn air làrach www.gaelic4parents.com. Tha faidhlean-èisteachd rim faotainn airson nan leabhraichean uile ann an sreath-litearrais nan 'Storyworlds' agus gabhaidh an luchdachadh a-nuas agus an sàbhaladh air CD gus an cleachd pàrantan iad len cuid chloinne. Tha tuilleadh chairtean is eile rin luchdachadh a-nuas agus rin dathachadh no rin crìochnachadh, mar dhòigh gus barrachd Ghàidhlig a thoirt don dachaigh. Tha geama eadar-ghnìomhail, 'An Crìostal Cridhe', a' toirt clann air turas tro shaoghal draoidheil a' fuasgladh thòimhseachan le bhith a' cleachdadh reusan agus sgilean-cànain.

Ann an 'coimhearsnachd' an làraich, tha cothrom aig pàrantan bruidhinn ri luchd-taice airson dà uair a thìde gach 'oidhche sgoile' mu dhuilgheadasan sam bith a th'aca le bhith a' toirt taic don cloinn le obair-dachaigh. 'S e àrainn thèarainte a th' anns a' 'choimhearsnachd' agus tha cothrom aig teaghlachan duilleagan-dachaigh a chruthachadh agus dealbhan is eile iomlaid.



An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

Luchd-obrach a' tighinn... 's a' falbh...

Thòisich **Shona NicCarraig** aig **Stòrlann** mar Oifigear Leasachaidh airson Gaelic/Gàidhlig san àrd-sgoil aig toiseach a' Ghiblein. Bha Shona a' teagasg ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh roimhe agus bhon a thòisich i aig **Stòrlann** tha i air a bhith gu mòr an sàs ann an leasachadh a' chùrsa ùir luchd-ionnsachaidh 'Ceumannan'.

Ag obair còmhla ri Shona air 'Ceumannan' tha **Emma Christie**, a bha cuideachd a' teagasg ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh roimhe. Tha Emma a' sgrìobhadh stuthan a' chùrsa, le taic bho **Ghillebrìde MacIlleMhaoil**, a tha a' cruthachadh stuthan a bhios air am foillseachadh air-loidhne. Tha tuilleadh mu 'Ceumannan' gu h-àrd.

Thathar a' cur fàilte air **Marina Mhoireach** a bhios a' cuideachadh phàrantan le obair-dachaigh mar phàirt den t-seirbhis-taice air www.gaelic4parents.com/community. 'S ann à Leòdhas a tha Marina agus bidh i a' roinn na h-obrach le **Anne Marie NicEanraig** a bha ag obair air a' phròiseact an-uiridh.

Dh'fhàg **Johan Nic a' Ghobhainn Stòrlann** san Dàmhair às dèidh còrr is seachd bliadhna, nuair a dh'ìmrich i fhèin agus an teaghlach a Dhùn Èideann far a bheil an duine aice ann an Colaiste na h-Eaglaise Saoire. Tha **Stòrlann** a' toirt taing chridheil do Johan airson a saothrach tro na bliadhnaichean agus bithear ga h-ionndrainn gu mòr. Tha an luchd-obrach agus am Bòrd-stiùiridh a' guidhe gach beannachd dhi fhèin agus do Chalum, Joanie is Marissa nan dachaigh ùr.

Thathar cuideachd a' toirt taing do **Dholina Nic a' Ghobhainn** a chuir seachad an samhradh aig **Stòrlann** tron sgeama Greis Gnìomhachais aig Comann na Gàidhlig. Tha Dolina air a dhol air adhart gu cùrsa PGCE ann an Obar Dheathain agus tha i an dòchas a bhith na tidsear Bith-eòlais nuair a cheumnaicheas i.

Dh'fhàg **Seumas Mac an t-Sagairt** an dreuchd phàirt-ùine san robh e a' toirt taic do phàrantan le obair-dachaigh tron làrach-lìn www.gaelic4parents.com/community. Thathar a' toirt taing dha airson a thaise 's obrach ann a bhith a' cur na seirbheis air bhog.

agus meala-naidheachd!

Rugadh **Elliot MacKenzie MacEanraig** do dh'Anne Marie air 12 Samhain. Tha Mamaidh agus am bèibidh gu math!

Maoineachadh

Tuilleadh maoineachaidh do Stòrlann bho Riaghaltas na h-Alba

Fhuaradh fìor dheagh naidheachd aig toiseach na bliadhn' ionmhais seo a thaobh maoineachadh **Stòrlann** bho Riaghaltas na h-Alba. Mar thoradh air àrdachadh anns na Tabhartasan Sònraichte airson Foghlaim Gàidhlig, tha faisg air ceud mìle not a bharrachd aig **Stòrlann** sa bhliadhna airson stuthan-teagaisg agus cothroman leasachaidh-proifeasanta a thabhann do thidsearan. Leig an t-àrdachadh seo leis a' bhuidhinn 'An t-Alltan' a chur air adhart.



An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoineachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Geamhradh 2008

Ceum air cheum...



Anns an t-Sultain, choisich luchd-obrach Stòrlann 52 mìle airson airgead a thogail do thaigh-èiridinn **Bhethesda** ann an Steòrnabhagh. Thòisich an sgioba ann an Steòrnabhagh agus choisich iad chun an Tairbeairt sna Hearadh. An uair sin bhathar an dòchas coiseachd eadar Ùig agus Port Rìgh ach às dèidh mu chòig mìle bha e soilleir gun robh an rathad tuilleadh agus cunnartach. Thog an sgioba orra mar sin gu rathad a' Bhràighe agus choisich iad an aon astar an sin.



ceum air cheum
troimh na h-eileanan
2008



Bha e mar amas cothrom a thoirt do bhuill na sgioba a tha ag obair air falbh on oifis ùine a chur seachad len co-obraichean agus ceangalan sgioba a neartachadh. Bha làithean grianach againn agus làithean nach robh cho grianach ach abair gun robh i a' deàrsadh nuair a ràinig sinn Port Rìgh!

Gu ruige seo thathar air mu **£5,000** a thogail do Bhethesda agus thathar fhathast a' cruinneachadh a' chòrr.

Bu mhat leinn taing a thoirt do na leanas airson cuideachadh a thoirt dhuinn:

MacKinnon Self Drive, Leòdhas

Kenny MacIlinnein agus a h-uile duine eile air comataidh Bhethesda

Tagsaidhean Phort-Rìgh: Kenny MacPherson, Harry Dick & Willie

MacLeod (A1 Cabs /Vital Signs)

MacKenzie's Bakery, Port-Rìgh

Jan Macdonald Eaglais na h-Alba, Ceann Sàil Eighre

Ionad Coimhearsnachd nan Lochan, Liùrbost

Marmalade, Port-rìgh

Radio nan Gàidheal, Isles FM agus BBC Alba

A h-uile duine a stad agus a thug airgead dhuinn air an rathad

A h-uile duine a gheall airgead ro-làimh

Faite do
dh'Eilean Leodhais
Welcome to the Isle of Lewis



An t-Alltan
Stuthan ùra
Ceumannan
Smeòrach Mi
Gaelic4Parents
Luchd Obrach
Maoinachadh
Ceum air Cheum

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com

